

# An Naidheachd Againne

*The Newsletter of An Comunn Gàidhealach Ameireaganach / The American Gaelic Society*

Am Foghar 2023, Leabhar XXXX, Àireamh 3  
Fall 2023, Volume XXXX No. 3

Tha Màrtainn na Mhanaidsear Ionnsachaidh Inbheach aig Sabhal Mòr Ostaig agus cò-ùghdar nan cùrsaichean Gàidhlig air Duolingo agus SpeakGaelic. Bidh e cuideachd ag iomairt le Misneachd, buidheann coiteachaidh gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh sa choimhearsnachd ann an Alba.

Màrtainn is the Adult Learning Manager at Sabhal Mòr Ostaig and co-author of the Gaelic courses on both Duolingo and SpeakGaelic. He also campaigns with Misneachd, the lobby group to promote the use of Gaelic in the community in Scotland.

## Ag ionnsachadh na Gàidhlig leis a' chomhachag

*le Màrtainn Mac a' Bhàillidh*

Nuair a thòisich mi fhèin air Gàidhlig ionnsachadh, ann am Berlin air ais ann an 2012, bha na goireasan gu math gann an taca ris na th' againn an-diugh. Chuir mise feum an toiseach air na seann bhideothan *Can Seo*, a bha rim faotainn fhathast air YouTube. Tha atharrachadh mòr air tighinn air an t-suidheachadh bhon uair sin ge-tà, is Duolingo air cothrom a thoirt do na milleanan air feadh an t-saoghail an ciad ceumannan a ghabhail sa chànan an-asgaidh air na fònaichean-làimhe aca fhèin. 'S e rud mòr mòr a tha sin don a' Ghàidhlig!

Tha mise nam Mhanaidsear Ionnsachaidh Inbheach aig Sabhal Mòr Ostaig, agus bha mi mar-thà ag obair air a' chùrsa Duolingo nuair a thòisich mi san dreuchd ann an 2019. Bha sinn ag iomairt fad beagan bhliadhnaichean ron a sin airson an cùrsa fhaighinn. Cha robh ach sgioba glè bheag ag obair air a' chùrsa, trìuir againn airson na cuid as motha dheth, le diofar dhaoine gar cuideachadh le clàradh fuaim nuair a bha iad sin a dhith. B' e cùrsa car goirid a dh'fhoillsich sinn ann an 2019, le 34 sgilean, ach thug sinn leasachadh mòr air a' chùrsa ann an 2020 suas gu 105 sgilean. Bidh ath-leasachadh mòr eile ann am-bliadhna, 120 sgilean uile gu lèir ach le tòrr ùrachaidhean air an t-seann chùrsa cuideachd.

Gun teagamh, 's i an àireamh mhòr mhillteach de dhaoine a tha e air tarraing chun a' chànan an rud as

## Learning Gaelic with the Owl

*by Màrtainn Mac a' Bhàillidh*



*Màrtainn Mac a' Bhàillidh*

When I started to learn Gaelic, in Berlin back in 2012, the resources were very limited compared to what we have today. I first used the old *Can Seo* videos, which were still available on YouTube. The situation has changed a lot since then, however, and Duolingo has given millions around the world the opportunity to take their first steps in the language for free on their own mobile phones. That's a big thing for Gaelic!

I am the Adult Learning Manager at Sabhal Mòr Ostaig, and I was already working on the

## In This Issue

Litir bhon Cheann-suidhe .....	4
US National Mòd .....	6
Regional Mòd Results .....	7
Grandfather Mountain Gaelic Song and Language Week .....	8
Sgoil nan Eun .....	9
Elementary Crossword .....	13
Litir à Dùn Èideann .....	14
Bhàrdachd airson ar linn .....	16
Facal à Aonghas .....	17
Meek Lines .....	18
Tòimhseachan-tarsainn .....	20
Book Reviews .....	21
An t-àite agam fhìn .....	23
Bilingual Recipe .....	24
Website to Watch .....	25
Cuiridh sinn clach air an càrn .....	25
A Bharrachd .....	26
Dè Tha Dol? .....	27

Go to [www.acgamerica.org](http://www.acgamerica.org) for more on upcoming ACGA events and other Gaelic related activities.

buadhmhoire mu Duolingo. Tha còrr is 1.5 millean air tòiseachadh air Duolingo, le timcheall air 500k ga chleachdadh gu cunbhalach – agus còrr is an treasamh cuid dhiubh anns na Stàitean Aonaichte! Ma chuidicheas Duolingo eadhan ceudad beag dhiubh gus fileantas a ruighinn bheir sin buaidh mhòr air a’ chànan. Ach a bharrachd air a bhith na dhòras don a’ Ghàidhlig, no math dh’fhaodte na “dhruga-starsnaich” do dhaoine, tha an cùrsa Duolingo na chuideachadh cuideachd do dhaoine a bha, no a bhiodh, ag ionnsachadh co-dhiù.

Ma tha aon rud riatanach do luchd-ionnsachaidh inbheach, ’s e cunbhalachd: a’ dèanamh rudeigin gach latha, is a’ dèanamh adhartas beag air bheag. Tha Duolingo na dheagh inneal ionnsachaidh a chumas taic riut gus beagan a dhèanamh gach latha, air eagal ’s gun caill thu an sreath-là agad! Chan eil dùil aig duine gun tèid aig luchd-ionnsachaidh air fileantas a ruighinn tro Duolingo a-mhàin, ach chan eil aon inneal no goireas ann a bheir gu fileantas thu.

Làmh ri Duolingo, tha SpeakGaelic air cruth-atharrachadh a thoirt air àrainneachd ionnsachaidh na Gàidhlig, a’ cruthachadh slighe shoilleir a dh’ionnsaigh fileantas tro chùrsa farsaing ioma-mheadhanach. Tha grunn diofar phàirtean den chùrsa SpeakGaelic, prògraman telebhisean air BBC ALBA agus YouTube, prògraman rèidio air BBC Radio nan Gàidheal agus BBC Sounds, pod-chraolaidhean air Spotify is eile, agus làrach-lìn le cùrsa air-loidhne. Ach tha cuideachd, airson na ciad uair a-riamh, goireasan teagaisg, rim faotainn an-asgaidh, is air an sgrìobhadh a dh’aona-ghnothach do chlasaichean Gàidhlig inbheach.

Tha SpeakGaelic, mar a tha Duolingo, stèidhichte air sgèile cànan eadar-nàiseanta CEFR, no FICE sa Ghàidhlig; Frèam Iomraidh Cumanta Eòrpach. Tha na goireasan air an sgrìobhadh aig ceithir diofar ìrean: A1 Inntrigeadh, A2 Bunaiteach, B1 Eadar-mheadhanach, agus B2 Adhartach. A rèir an sgèile CEFR, bu chòir do chuideigin a tha air B2 a choileanadh a bhith comasach air còmhradh a chumail ri fileantach ‘gun strì air taobh seach taobh’, gu ìre mhòr fileanta an dèidh dhaibh an cùrsa SpeakGaelic a chrìochnachadh.

’S e “Bruidhinn Gàidhlig” ainm a’ chùrsa, agus mar sin, tha prìomhachas ga chur air sgilean labhairt. Ach tha sinn cuideachd ag aithneachadh gur dòcha gur e èisteachd an dòigh as fheàrr gus briathrachas agus gràmar a dhaingneachadh, agus nach tèid agad air cànan a chleachdadh airson conaltradh mura h-eil thu a’ tuigsinn na chanas daoine eile! Mar sin, tha an cùrsa a’ cur clàraidhean Tobar an Dualchais gu feum

Duolingo course when I started in the role in 2019. We campaigned for a few years before that to get the course. There was only a very small team working on the course, three of us for most of it, with different people helping us with sound recordings when needed. It was a relatively short course that we published in 2019, with 34 skills, but we greatly improved the course in 2020 up to 105 skills. There will be another major reform this year, 120 skills in total but with many updates to the old course as well.

Undoubtedly, the most impressive thing about Duolingo is the huge number of people it has attracted to the language. More than 1.5 million have started Duolingo, with around 500k using it regularly – and more than a third of them in the United States! If Duolingo helps even a small percentage of them reach fluency it will have a big impact on the language. But in addition to being a doorway to Gaelic, or perhaps a “gateway-drug” for people, the Duolingo course is also helpful for people who were, or would be, learning anyway.

If there’s one thing adult learners need, it’s consistency: doing something every day, and making progress little by little. Duolingo is a great learning tool that supports you to do a little each day, for fear of losing your streak! No one expects learners to achieve fluency through Duolingo alone, but there is no single tool or resource that will get you to fluency.

Together with Duolingo, SpeakGaelic has transformed the Gaelic learning environment, creating a clear path towards fluency through a comprehensive multimedia course. There are several different parts of the SpeakGaelic course, television programs on BBC ALBA and YouTube, radio programs on BBC Radio nan Gàidheal and BBC Sounds, podcasts on Spotify, and other providers, and a website with an online course. But there are also, for the first time ever, teaching resources, available for free, specially written for adult Gaelic classes.

SpeakGaelic, like Duolingo, is based on the CEFR international language scale: Common European Framework of Reference, or FICE in Gaelic. The resources are written at four different levels: A1 Entry, A2 Basic, B1 Intermediate, and B2 Advanced. According to the CEFR scale, someone who has achieved B2 should be able to hold a conversation with fluency “without struggle on either side”, more or less fluent after completing the SpeakGaelic course.

The name of the course is “SpeakGaelic”, and therefore, priority is placed on speaking skills. But we also recognize that listening is probably the best way to

mar ghoireasan ionnsachaidh. Mura faigh thu bogadh ceart nàdarra, sa choimhearsnachd, no tro chùrsaichean aghaidh-ri-aghaidh aig Sabhal Mòr Ostaig, no Ceòlas, no eile, feumaidh tu bogadh a chruthachadh dhut fhèin le goireasan èisteachd gus do chluas a thrèanadh.

Ma tha a' Ghàidhlig agad mar-thà is tu a' beachdachadh air clas a theagasg, tha na goireasan teagaisg SpeakGaelic ga dhèanamh cho soirbh 's a bha e a-riamh. Tha gach pàirt den chùrsa stèidhichte air na h-aona chuspairean, agus an cois gach cuspair tha am plana leasain, Duilleag Mineachaidh, Duilleag Obrach, Duilleag Geama, agus Iùl Oide. Bha sinn gu mòr airson 's gum freagradh an cùrsa air diofar stoidhlean teagaisg agus ionnsachaidh agus gum biodh sùbailteachd aig oidean na goireasan a chleachdadh mar a fhreagradh orra fhèin. Ma tha mìneachaidhean gràmair a' còrdadh riut, tha iad sin ann. Ach mura toil leat cus gràmair, tha na geamannan is duilleagan obrach a' toirt pailteas de chothroman dhut na tha thu ag ionnsachadh sna leasan a chur gu feum.

Mar sin, mas e neach-ionnsachaidh a th' annad, ma tha thu nad oide, no a' beachdachadh air clas a theagasg, cha robh e a-riamh cho soirbh is goireasach is a tha e an-diugh, leis an dà chuid Duolingo agus SpeakGaelic a' cur gu mòr ris an t-slighe ionnsachaidh!

reinforce vocabulary and grammar, and that you won't be able to use a language to communicate if you don't understand what other people say! Therefore, the course uses Tobar an Dualchais recordings as learning resources. If you can't get a proper natural immersion, in the community, or through face-to-face courses at Sabhal Mòr Ostaig, or Ceòlas, or others, you must create an immersion for yourself with listening resources to train your ear.

If you already have Gaelic and are considering teaching a class, the SpeakGaelic teaching resources make it easier than ever. Each part of the course is based on the same topics, and each topic is accompanied by a lesson plan, an Explanation Sheet, a Work Sheet, Game Sheet, and a Tutor Guide. We really wanted the course to suit different teaching and learning styles and for instructors to have the flexibility to use the resources to suit themselves. If you like grammar explanations, they are there. But if you don't like too much grammar, the games and worksheets give you plenty of opportunities to apply what you learn in the lessons.

So, if you are a learner, or if you are a teacher, or considering teaching a class, it has never been so easy and convenient as it is today, with both Duolingo and SpeakGaelic greatly enhance the learning journey!



Fiosrachadh air an eadar-lìon / Internet references:

Duolingo <https://www.duolingo.com>

SpeakGaelic <https://speakgaelic.scot/>

YouTube SpeakGaelic <https://www.youtube.com/SpeakGaelic>

Spotify SpeakGaelic <https://open.spotify.com/episode/2FgvyFXYZDn282FyrJD3z>

Tobar an Dualchais <https://www.tobarandualchais.co.uk/>

## Photo Quiz

The modern two-masted ship in the photo evokes images of a much older three-masted vessel that sailed from this loch with 200 Gaels in July 1773 bound for Pictou, NS.

What was the name of the three-masted ship and the loch from which it sailed?

Check page 17 to see if you're right.



*Hilary NicPhàidein*

## Litir bhon Cheann-suidhe le Liam Ó Caiside



## Letter from the President by Liam Cassidy

A chàirdean còire,

Dear friends,

An toiseach, feumaidh mi “meal do naidheachd” a ràdh ri Barabal Lynn Rice, a bhuannaich suidhe air a’ Bhòrd againn bho chionn ghoirid, agus tha mi airson “tapadh leat gu mòr” a ràdh ri Andi Damewood, a sheas cuideachd anns an taghadh. ’S math gun do sheas an dithist seo airson a’ Bhùird am-bliadhna, agus is truagh nach robh dà àite ri fhaotainn! Bidh cothrom eile aig Andi an ath-bhliadhna, agus bhiomaid a’ cur fàilte oirre a bhith an sàs ann an ACGA ged a bhiodh no nach biodh i air a’ Bhòrd.

To start, I must congratulate Barbara Lynn Rice, who won a seat on the ACGA Board recently, and a big thank you to Andi Damewood, who also stood for a seat in the election. It’s good that Barbara and Andi stood for the Board this year, and it’s a pity that we didn’t have two seats available! Andi will have another chance to run for the Board next year, and we welcome her involvement in ACGA whether she’s on the Board or not.

Chan eil e soirbh a bhith nad neach-stiùiridh ACGA. Chan eil annainn ach saor-thoilich, ag obair gun phàigheadh agus uaireannan gun mholadh, feumaidh mi aideachadh. Agus bu chòir dhomh taing a thoirt dhan a h-uile duine a bha air a’ bhòrd sa bliadhna seo chaidh (o Lunasdal gus an t-Iuchar).

It’s not easy being an ACGA Director. We’re only volunteers, working without pay and sometimes without praise, I must admit. And I should thank everyone who served on the Board the past year (from August through July).

Tha aon neach deug air a’ Bhòrd againn a-nise, mar a bh’ againn an-uiridh. Bidh gu leòr againn ri dhèanamh, mar as àbhaist! An toiseach, feumaidh sinn coinneamh bliadhnail a chur air dòigh, anns an Fhaoilteach, tha mi creidsinn. Bidh Mòd Naiseanta Aimeireagaidh a’ tighinn air an 11mh-12mh dhen t-Samhain. Agus bidh sinn ag ullachadh airson Seachdain na Gàidhlig agus nan Òran ann an Carolina a Tuath anns an Iuchar sa tighinn, ged tha e fhathast fad às.

There are eleven members on our Board now, as there were last year. We have enough to do, as always! To start, we must organize an annual general meeting, in January, I believe. The U.S. National Mòd is coming on the 11th-12th of November. And we will be preparing for the Gaelic Song and Language Week in North Carolina next July, though it’s still far off.

Bidh tuilleadh phròiseactan agus prògramman againn air-loidhne am-bliadhna cuideachd, agus tha sinn ag iarraidh ur beachdan orra. Dè bu thoil leibh fhaicinn, a chàirdean?

We’ll have other projects and programs online in the coming year, too, and we’d like to get your opinions on them. What would you like to see, friends?

Tòisichidh mòdan ionadail a-rithist san ath-bhliadhna le Mòd Seachdain Thartain NYC air an 3mh agus 4mh den Ghiblean. Bheir ACGA taic dhan tachartas sin a-rithist. Tha sinn an dòchas gum bi mòd ann an Kentucky san Ògmhios, ann an Carolina a Tuath san Iuchar, agus gum bi Mòd Chesapeake eile ann am Maryland cuideachd. B’ fheàrr toil leinn tuilleadh mhòdan beaga fhaicinn air feadh na dùthcha.

Regional or local mods will begin again in the new year with the NYC Tartan Week Mòd on the 3rd and 4th of April. ACGA will support that event again. We hope there will be a Kentucky Commonwealth Mòd in June, a North Carolina Mòd in July and another Mòd Chesapeake in Maryland as well. We would love to see more small mods throughout the country.

Bidh mi fhathast nam cheann-suidhe am-bliadhna, ach feumaidh mi fàgail às dèidh na bliadhna seo, aig deireadh na teirm agam. Bacaidhean-teirm, nach eil fhios agaibh! Ach ged nach b' urrainn dhomh fuireach air a' Bhòrd, chan fhàg mi ACGA. Tha mòran againn ri dhèanamh le chèile fhathast.

Le dùrachdan

*Liam Ó Caiside*  
Ceann-suidhe, ACGA

I am returning this year as ACGA President, however, I will have to leave after this year, at the end of my term. Term limits, you know! But while I won't be able to stay on the Board, I won't be leaving ACGA. There is much for us to do together yet.

With best wishes,

*Liam Cassidy*  
President, ACGA

## 2023 ACGA OFFICER ELECTIONS

On August 13, 2023, the following officers on the ACGA Board of Directors were elected or confirmed.

### Leadership

Liam Cassidy, President  
Jeff Justice, Co-vice President  
Jamie MacDonald, Co-vice President

### Non-Voting Officers

Michael Mackay, Treasurer  
Nickie Polson, Bookkeeper  
Janice Chan, Membership Secretary  
Joyce Campbell, Recording Secretary  
Jeff Justice, Website Administrator  
Valeria Campbell, Fundraising Director

### Board Members

Taylor Ashlock  
Valeria Campbell  
Liam Cassidy  
Adam Dahmer  
Richard Gwynallen  
Jeff Justice  
Megan Kohtz  
Jamie MacDonald  
Barbara Lynn Rice  
Nicole Rodriguez  
Mallie Steele

## Seanfhacal na Ràithe – Pictured Proverb

Do you know what familiar Gaelic proverb is illustrated here?

Check page 20 to see if you're right.



Image by Mirosław i Joanna Bucholc, <https://pixabay.com/>



## Lyle & Kerrie Kennedy to adjudicate US National Mòd November 11-12

Two former Royal National Mòd Gold Medal winners - Lyle and Kerrie Kennedy of Oban, Scotland - will adjudicate this year's US National Mòd, Mòd Naiseanta Aimeireagaidh, on Saturday, November 11. For the fourth consecutive year, the event will be held entirely online, allowing Scottish Gaelic enthusiasts from across North America and beyond to participate.

Both competitors and any interested in Gaelic language and culture are welcome at the online event. There is a basic fee of \$25 for all registrants and an additional \$20 fee for competitors. The \$25 fee includes online admission to the competitions, ceilidh and workshops. All proceeds go to support the Mòd, one of two major annual events organized by ACGA.

Lyle and Kerrie have been active in the Royal National Mòd, regional mods, and Gaelic choirs in Scotland for many years. Kerrie and Lyle won their Gold Medals at the Royal National Mòd in Falkirk in 2008, and both attended the US National Mòd in 2009. We're delighted to have them join us for our 34th annual celebration of Gaelic song and culture.

"At ACGA, we see the Mòd as a celebration of Scottish Gaelic 'language arts', arts developed through the spoken language such as song, storytelling and poetry," said ACGA president Liam Ó Caiside. "We're looking forward to welcoming Lyle and Kerrie to our online event along with many past attendees and competitors, and to meeting new friends as well."

"Our Mòd has a long history, and although COVID prevented us from holding a live, in-person event the past few years, our online event has brought more Gaelic learners, speakers, and enthusiasts together than we could have hoped for," said Ó Caiside.

The past year has seen the rise of regional US mods as

well, with events in New York, Baltimore-Washington, DC, North Carolina, and Kentucky. ACGA has sponsored several of these events and encourages the growth of local live song competitions and gatherings.

Two new virtual competitions will be added to the US National Mòd this year: an accompanied song competition and a group singing competition. Competitors in those events will pre-record their performances and send video recordings (mp4s) to ACGA ahead of the Mòd for adjudication. The videos may be shared with attendees during the US National Mòd.

The accompanied song competition is open to any who wish to accompany themselves while performing a Scottish Gaelic song of their choice. A variety of instruments may be chosen: guitar, harp, piano, small pipes, ukulele – check with the registrar. The group singing competition includes everything from duets to choirs. Again, check with the registrar.

### Videos must be submitted by November 1.

On the morning of November 11, the Mòd will feature competitions in poetry recitation, original poetry, storytelling, and sight reading (reading a piece of Gaelic prose on first sight). In the afternoon, we will have beginner and general song competitions. The competitions will be followed by an online ceilidh, a song-sharing event, late Saturday afternoon. The event concludes at 6 pm.

Lyle and Kerrie will offer workshops on Sunday morning, November 12. The topics of those workshops will be announced.

Registration is open through the ACGA website: <https://acga.wufoo.com/forms/z644n9218ycaee/>

**Nach cuidich thu An Naidheachd Againne? / Won't you help An Naidheachd Againne?**



... by proofreading articles in either English or Gaelic.  
We'll help you with our formatting guidelines.  
Interested? Email [naidheachd@acgamerica.org](mailto:naidheachd@acgamerica.org)

## Regional Mòd Results

### Kentucky Commonwealth Mòd

Glasgow, Kentucky

June 18, 2023

Adjudicators: Dàine Nic a' Bhàird and Àdhamh Dàmaireach  
Nicole Greenwood - An Duais as Àirde (for best performance overall)  
Kat Laoghaire Chouinard - Duais nan Òran (for best singing)  
Mallie Moss Steele - Duais na Gàidhlig (best Gaelic speaking ability)  
Katie McDannald - Duais nan Sgeulachd (best storytelling)

### North Carolina Provincial Mòd

MacRae Meadows at Grandfather Mountain, NC

July 8, 2023

Adjudicators: Catriona Parsons and Colin Watson  
First Place: Cynthian Knight  
Second Place: Coinneach MacLeòid  
Third Place: Cathleen MacKay

### Cheasapeake Mòd

Laurel, Maryland

August 12, 2023

Adjudicators: Scott MacIlleMhoire and Liam Ó Caiside  
Overall winner: Cynthian Knight



Coinneach MacLeòid & Cynthian Knight  
North Carolina Provincial Mòd



Cheasapeake Mòd

bradan  
press

## Leabhraichean ùra á Albainn Nuaidh New & best-selling Gaelic books from Nova Scotia



**Below:** Goldilocks & the Three Bears in Gaelic: a translation with charming vintage illustrations. Sequel coming in



Oct 2023: The Little Red Hen, A' Chearc Bheag Ruadh.

**R:** New Gaelic poetry from Catriona Parsons of Lewis and Nova Scotia



**L:** Historical fiction with a foreword by *Outlander* author Diana Gabaldon.  
**R:** *Mo chreach*, it's a Highland dance disaster...now in both Eng. & Gaelic editions! Sequel coming in Oct. 2023: *Catastrophe at the Christmas Ceilidh!*



**Top L:** *Wild Rose*, a graphic novel tale of betrayal, action & revenge set in 18th-century Ireland & London—coming soon as *Gaeilge* (in Irish)!  
**Top R:** The second graphic novel of eldritch horror & fantasy short stories by Cape Breton author-artist Angus MacLeod is now available in both English & Gaelic editions. See our online shop for Book Box deals!

Order at:  
[bradanpress.com](http://bradanpress.com)

Sign up  
for our  
email  
list:






# Grandfather Mountain Gaelic Song and Language Week

Photo Credit: John Grimaldi



Left to right: John Grimaldi with Catriona Parsons, Amy & HD Stewart, who hosted the GFM class party. The Stewarts invite the GFM attendees annually for a cookout at their house. HD (initials for “High Definition”) is both the Executive Director of Campus Operations and Director of Security at Lees-McRae College in Banner Elk, NC.



Catriona Parsons reading from her new poetry collection, *Cridhe 's Anam / Heart & Soul*.



ACGA hosted the book launch for Catriona Parsons' new book of bilingual poetry, *Cridhe 's Anam / Heart & Soul*, published this year by Bradan Press.



Class of 2023, Grandfather Mountain Gaelic Song & Language Week.



At the Games, John Grimaldi taught a wee bit of Gaelic to the delighted audience at the Gaelic Tent, where the North Carolina Mòd also took place on Saturday, July 8.



Seo i a chàirdean - deireadh na sgeulachd, agus abair deireadh a th' ann!

## Sgoil nan Eun neo Sgeulachd Iain Fhearchair Òig le Liam Ó Caiside

**Caibideil Fichead 's a Ceithir: Crìoch gach Comann**

**Pàirt a Trì: Mac na Maidne**

*... Dunescarat eùin énlaithe admai ibdach ...*

*(“Sabhailibh sinn, a eòin seòlta, ealtainn buidseacha”)*

– Incantationes Sangallenses / Orthannan Naoimh Ghaill, 8mh-9mh linn

“Dhùisg iad uile tràth sa mhadainn, mus do bhris an latha,”  
thuirt an sgeulaiche rinn. Ged bha i dubh-dhorch a-muigh  
fhathast, cha robh briseadh an latha fad às.

Nuair a dh'èirich Iain, bha Nighean an Sgàthain air a cois  
mu thràth, a' bruidhinn ri màthair. “Thig Mac na h-Oidhche  
a dh'aithghearr,” ars a' bhana-shith. “Dh'fheumamaide a  
bhith air an tràigh roimhe.”

Chuir Iain e fhèin ann an òrdugh. Nuair a bhris an latha,  
chaidh an triùir dhiubh a-mach agus sìos dhan tràigh.

Bha Cailleach nan Cearc air an tràigh romhpa, a'  
coimhead a-mach gu long a bha air acair  
far-thìreach. Bha i a' drannadh fuinn fo a  
h-anail. Cha do ghlac Iain na faclan a  
sheinn i.

Bha bàta na luinge a' tighinn gu tìr, agus  
bha sianar ann – ceathrar aig na ràimh agus  
dithist nan suidhe anns a' chùlaibh. Ged bha  
iad fad às, bha Iain cinnteach gur e an draoidh agus  
an spùinneadair a bh' ann.

Thàinig am bàta air an tràigh. Leum na maraichean a-mach  
agus tharraing iad am bàta suas air a' ghainmhich. An uair  
sin, ghabh an dithist a bha ann an cùl a' bhàta ceum air tìr.  
Chaidh na maraichean ceum air ais agus choisich an dithist  
air adhart. Stad iad nuair a bha iad mu fhichead troigh bho  
Iain, Nighean an Sgàthain, a màthair agus a' chailleach.

Dh'aithnich Iain Cnàmhan Dubha, an spùinneadair, an  
toiseach. Seana-chòta mòr a bha air, ceann de dh'fhuilte  
fhiadhaich gun chìreadh le feusag fhada dhubh a thuit nam  
figheachan gu crios mu a mheadhan. Rinn e fiamh-gàire agus  
chunnaic Iain na fiaclan briste, biorach, dathte aige.

“Nach deas an teaghlach a tha feitheamh ribh, a  
mhaighstir?” thuirt e ris an duine ri thaobh. “Seanmhair,

bean, nighean, agus cuilean!”

“Cùm do theangaidh,” thuirt am fear eile. Thug an  
spùinneadair ceum air ais mar a bhuail an draoidh buille dha.

Theab nach do dh'aithnich Iain a nàmhaid. Bu mhòr an  
t-atharrachadh a thàinig air Mac na h-Oidhche. An àite fear  
beag cruinn le feusag fhada bhàn, sheas neach neònach mì-  
nadarra, le leòn-lorg air aodann bho bhathais gu smig. Bha e  
direach mar choinneal-chèir a chaidh a leaghadh agus a bha  
ath-leasaichte ann an cruth cuagach. Thachair sin dha nuair a  
chaidh a gheas agus a chlarsach a bhriseadh fa chomhair  
Sgoil nan Eun.



Bha feusag fhada bhàn aige fhathast agus bha  
meuran fada ro fhada air a làmhnan loisgte.  
Shaoil Iain gun robh coltas acrasach air a  
ghnùis. Bha cleòca ioma-dhathte air, agus  
speuclairean cruinn dathte cuideachd. Cha  
b' urrainnear a shùilean fhaicinn tro na  
speuclairean. Cha robh slat neo slacan  
draoidheachd aice. Cha robh feum aige orra nas  
motha.

“Mu dheireadh thall, a ghaoil, coinnichidh sinn a-rithist,”  
thuirt an draoidh ris a' bhana-shith, “agus mo nighean a'  
ruith air falbh bhuam. Tha eagal orm nach robh thu gam  
thuigsinn gu ceart an uair mu dheireadh a choinnich sinn, a  
nighinn.”

“Cha mhise do ghaoil, a mhic an uile! Chaochail an duine  
sin fada air ais,” ars a' bhana-shith gu dalma.

“Nuair a choinnich sinn aig Sgoil nan Eun, theab gun do  
mharbh sibh mise!” dh'èigh Nighean an Sgàthain dha.

“Ach cha b'e sin a bha mi ag iarraidh, m' fhaileasag bhig 's  
mo mhùirneig,” ars an draoidh rithe gu soineanta. “Bha mi  
direach ag iarraidh na bu chòir a bhith agam, mo nighean

agus an sgoil ud.”

Thog an draoidh a làmhnan suas agus ghluais e a mheuran mu thimcheall bhon a bha iad nan slatagan fada. Chuir e damhan-allaidh an cuimhne Iain.

“Agus tha do charaid chòir còmhla riut,” ars an draoidh.  
“Am balach a lorg mi fad bhliadhnaichean. Bidh thu nam fhoghlainteach a-nise, a mhic! Nach e sin an t-adhbhar a bha mi gad iarraidh?”

“Chan ann mar fhoghlainteach a bha sibh gam iarraidh,” thuirt Iain. “Is math mo chuimhne ciamar a thachair mi ribh.”

Chuir am balach a làmh ri a cheann, mar a chuimhnich e an snag a fhuair e bhon spùinneadair air sràidean Ghlaschu.

“Mar a chuimhnich mise, ’s e cù a bh’ annad nuair a choinnich sin, ach ’s coma!” thuirt an draoidh. “Chan e fealladh a bh’ ann ach fealla-dhà.” Dh’èirich a ghuth gu h-obann.

“Cho fad ’s a tha sinn a’ bruidhinn mu dheidhinn feallaidhean, tha mi creidsinn gu bheil rud beag agaibh a ghoid mo bhean ghràdhach bhuamsa iomadh bliadhna air ais,” ars an draoidh. “Rud beag gun mòran luach dhuibhse. Nach toir sibh air ais dhomh e?”

Chuir Nighean an Sgàthain a làmh a-mach. Dè bha anns a làimh aice ach ugh beag ballach gorm. Chùm i grèim làidir air an ugh.

“An e seo an rud beag gun mòran luach a tha bhuaibh, athair?” thuirt i.

Shùgh an draoidh a-steach anail gu domhain agus shìn e a mheuran fada a-mach gan ionnsaigh, a’ dùrdail ubag fo anail.

“Chan fhaigh thu an t-ugh anns an dòigh sin,” ars a’ bhana-shith gu h-obann. Stad an draoidh. Tharraing e a làmh air ais gu a thaobh.

“Tha deagh fhios agad gur e sin na tha bhuan,” thuirt e.  
“Nach toir thu dhomh e, mo nighinn? Na èist ris a’ bhana-shith a dh’fhàg thu leat fhèin. Nach seas thu rim thaobh a-rithist mar a b’ àbhaist dhut?”

“Dè nach b’ urrainn dhuinn a dhèanamh ri chèile?” lean a h-athair. “An àite Rìgh Deòrsa, bidh ban-impire againn, mas toil leat. Seadh, thusa. Carson nach bi? Ban-impire

dhraoidheil. Seasaidh mise ri do thaobh, gad chuideachadh. Cha bhi na draoidhean am falach nas motha.”

“Chan iarrainn rud mar sin idir!” arsa Nighean an Sgàthain le di-chreideamh. “Chan eil sibh gam thuigsinn idir idir, athair.”

“Mar sin, nach innis thu dhomh dè tha thu ag iarraidh, a ghaoil?” thuirt an draoidh le an-fhuras na ghuth. Thug e sùil air Iain.

“An toil leat am balach seo ri d’ thaobh? Bhithinn toilichte sin fhaicinn, agus sibhse air cheann ginealach ùr de dhraoidhean. Faodaidh sibh cumadh ùr a chur air a’ chruinne ri chèile.

“Agus thusa, ’ille, bu toil leat mo nighean a bhith agad, tha fhios agam,” thuirt Mac na h-Oidhche ri Iain. “Agus carson nach pòsadh sibh? Bhithinn deònach sin fhaicinn. Pòsaidh sibh, agus thèid sibh air ais gu Sgoil nan Eun le chèile, far am bi thusa maighstir na sgoile.”

Cha do chreid Iain na bha e cluinntinn. Ach cha b’ urrainn dha ràdh nach bu toil leis Nighean an Sgàthain a phòsadh. Ach maighstir na sgoile? ’S dòcha gun tàinig coltas beag-chreideamhach neo breisleach air a aodann.

“Seadh, ’s e sin a tha an dàn dhut, nach eil fhios agad?” thuirt an draoidh ris le iongantas. “Is tusa ‘Seabhag Sgoil nan Eun’ a bhalaich! Nach tuirt do mhaighstir gun robh d’ ainm sgrìobhte anns an leabhar dhubh aige dà cheud bliadhna mus do rugadh tu? Sàbhailidh tusa an sgoil bhon deamhan ud agus bidh thu nad mhaighstir, Draoidh Mòr Ùr. Tha sin sgrìobhte, tha mi ag innse dhut, agus bidh sin fìor uile gu lèir cho luath ’s a tha an t-ugh beag ballach gorm ud air ais nam làimh.”

Chuir sin conas air Iain. “Na cuir facal mar deamhan air mo mhaighstir fhèin!” thuirt e. “Tha fhios agam cò e an deamhan an seo!”

“Leig leis!” thuirt Nighean an Sgàthain. “Posaidh mi an Gille Dubh mas toil leis, m’ athair ann no às, le beannachd mo mhàthair ’s mo mhuime, tha mi cinnteach. Agus chan fhaigh sibhse an t-ugh seo gu bràth siorraidh.”

“Dè nì sibh ris an ùgh, ma-tà?” arsa a h-athair. “Cha tèid agaibh air an t-ugh a chumail am falach gu bràth. Gheibh mi e.”

Chaidh iad uile nan tost.



“Brisidh mi e,” thuirt Nighean an Sgàthain ann an guth cruaidh nach cuala Iain roimhe bhuaipe. “Tha fhios agam gur e ur beatha a th’ ann. Mur tèid sibh air ais dhan bhàta dìreach an-dràsta, brisidh mi an t-ugh, agus gheibh sibh bàs.”

Rinn an draoidh lachan mòr gàire. “Brisidh tu e! *Mar dheal!* Mas fhìor! Marbhaidh tu d’ athair fhèin! Cò chreideas sin? Cha b’ urrainn dhut.”

“Sin a nì mi, ma ’s èiginn dhomh,” thuirt an nighean. “Ach tha mi creidsinn gun do mharbh sibh m’ athair fad air ais. B’ e m’ athair Feardorcha Ó Croileagáin. Ach cha sibhse ach Mac na h-Oidhche.”

“Tha mallachd air an ugh, nach eil fhios agad?” thuirt an draoidh. “Nach tuirt do mhàthair neo do mhuime sin riut? An tè a bhriseas an t-ugh, caillidh i a h-uile rud a th’ aice. Thèid a fàgail ann an àite iomallach, gun rùn a cridhe, gun charaid, gun chuideachadh, gus an iarradh coigreach sgeul bhuaipe, sgeul mu mo dheidhinn-sa. Sgeul nach do dh’innis thu riamh rid bheatha. ’S dòcha gum biodh tu ceudan de bhliadhnaichean a’ gabhail aithreachais leat fhèin. ’S dòcha nach tig duine ag iarraidh sgeul bhut idir.”

“Chan eil mi gur creidsinn,” thuirt Nighean an Sgàthain.

“Cha robh fhios agam,” thuirt a mhathair. “Thoir dhomh an t-ugh, a ghaoil. Brisidh mi e, ged a mharbhadh e mi.”

“Thoir dhomh an t-ugh, a ghràidh, agus bheir mi leam e gu saoghal eile,” arsa Cailleach nan Cearc. “Thig mi nad dheaghaidh, a chaillich mhallaichte!” arsa Mac na h-Oidhche. “Cha bhi na dorsan agad dùinte romham nas motha!” Thionndaidh e air ais ri a nighean.

“Thoir dhomhsa an t-ugh!” dh’èigh e. “Chan eil an còrr agad!”

Shin Nighean an Sgàthain a-mach a làmh, an t-ugh fhathast na dòrn. Chunnaic Iain cruaidh-bharail na h-aodann agus bha cinnt aige dìreach gu dè a dhèanadh a ghaoil.

Shin e a làmh a-mach na comhair agus thuirt e facal. Leum an t-ugh às a meuran, thig e tron adhar dha cho luath ris a bheithir, agus ghlac e e. Dar a bha e na dhòrn, bhris Iain an t-ugh.

Dhùisg e anns an taigh-tughaidh, agus leum e suas. An e bruadar a bh’ ann? Ach bha Nighean an Sgàthain agus a màthair nan suidhe ri a thaobh. “Dè thachair? Càite a’ bheil Mac na h-Oidhche?” arsa esan.

“Anns an uaigh,” thuirt a’ bhana-shithe. “Na bha air fhàgail dheth, co-dhiù. Leagh e mar shneachda nuair a bhris thu an t-ugh.”

“Agus Cnàmhan Dubha? Na maraichean?”

“Theab gun do rinn an spùinneadair ionnsaigh ort nuair a dh’fhannaich thu, ach chuir mise stad air,” arsa Nighean an Sgàthain le braoisg air a h-aodann. “Dè rinn thu?” dh’fhaighnich Iain dhi.

“Chuir mi cruth albatrais air,” thuirt i. “Na ghabh dragh, bidh e na dhuine a-rithist cho luath ’s a ruigeas e eaglais. Agus dh’innis mi sin dha.”

“Side mhath na dheaghaidh,” arsa Iain. “Ach dè nì sinn an-dràsta?”

“Pòsaidh sinn,” thuirt an nighean ris gu deimhinnte. “Pòsaidh sinn, agus mar dhraoidhean, chan eil feum againn air eaglais. Nì mo mhuime, Cailleach nan Cearc, a’ chùis ... mas toil leat sin? Tha eagal orm nach do dh’iarr mi ort dè b’ fheàrr leat a dhèanamh.”

“Uill, chan eil an còrr agam,” thuirt e rithe, ach bha fiamh a’ ghàire air.

Chaidh Cailleach nan Cearc gu Eilean an Eòin tro dhoras draoidheil anns an t-seòmar air mullach a’ chnuic agus thug i na càirdean uile air ais dhan Eilean Uaigneach còmhla rithe – eadhan Fear-Fasa Cam, am famhair, le Gugtrabhad na shuidhe air a ghualainn.

Phòs Cailleach nan Cearc Iain agus Dearbhal – an Gille Dubh agus Nighean an Sgàthain – agus rinn iad banais a bha sunndach, ged nach robh mòran dhaoine ann. Bu toil leam a ràdh gun robh iad sona, sàsaichte le chèile iomadh bliadhna, ach cha robh. Nuair a bha iad a’ deasachadh a bhith falbh, bhruidhinn a’ bhana-shith ri Iain agus Dearbhal.

“Ged bha Mac na h-Oidhche breugach, dh’innis e an fhìrinn aig an deireadh. Bha mallachd air an ugh, agus thuit am mallachd air fear neo tè a bhriseadh e,” arsa ise. “Agus is mise am fear sin,” thuirt Iain.

“Nuair a dh’fhalbhas sinne, feumaidh tusa a dhol gu àite iomallach nad aonar, mar a thuirt Mac na h-Oidhche,” thuirt màthair a mhnà. “Feumaidh tu fuireach ann gus an tig coigreach ag iarraidh an sgeul bhut, agus brisidh sin a’ mhallachd. Tha mi duilich, ach tha e mar gheas nach b’ urrainnear a sheachnadh.” Chrom Iain a cheann. “Tha mi tuigsinn,” thuirt e.

Ghlac Dearbhal a làmh. “Chan eil mise a’ tuigsinn!” thuirt i. “Tha mo chridhe briste. Ach shàbhail thu mise. Tha mi tuigsinn sin. Shàbhail thu Sgoil nan Eun. Shàbhail thu sinn uile, a ghràidh. Na dèan dearmad air sin!”

“Ach dè nì thu?” ars Iain. “Tha sinn a’ dol air ais gu Sgoil nan Eun,” thuirt i, “agus an dèidh sin fàgaidh sinn Tìr nam Marbh airson àite far nach fhaightear mulad neo pian mar seo gu bràth.” Bha deòir air a h-aodann.

“Duthaich do mhàthar? Anns an t-Sìthein?” ars Iain.

“Air taobh eile an t-Sìthein,” thuirt a’ bhana-shìth. “Agus is dòcha gun tig an Draoidh Mòr agus na foghlaintich còmhla rinn. Tha an saoghal seo a’ fàs nas cunnartaich do dhraoidhean agus sìthichean.”

“Cha bhi mi sona, a ghràidh, gus an tig an latha nuair a bhris a’ mhallachd,” arsa Dearbhal ris. “Thig mi dhut an uair sin. Ged a dh’eug na draoidhean uile, ged a dh’fhalbhadh na Gàidheil gu lèir, ged a dh’atharraicheadh an saoghal againn cho mòr nach aithnichinn rud sam bith, thig mi, geallaidh mi sin dhut. Chì thu mi aig briseadh an latha sin, a Mhic na Maidne, mo ghaoil.”

Caidreabh gaolach eile, agus dhealaich iad.

“Dhealaich iad!” thuirt Eilidh, gar dùsgadh ann an tiotan. “Dhealaich iad! An innis sibh dhuinn gur e sin an deireadh?”

Rinn an sgeulaiche fiamh a’ ghàire. “Chan e sin an deireadh. ’S e seo an deireadh,” thuirt e.

Ged nach robh a’ ghrian air èirigh fhathast, thàinig soillse tro na h-uinneagan a bha nas treasa na soillsearachd na grèine. Dh’èirich am bodach gu tapaidh agus chaidh e a-mach tron doras, sinne na dhèidh.

Phrìob sinn ar sùilean anns an t-solas gheal ghlan. Cha robh fhios againn dè bha tachairt air chor air bith. Taobh siar an taighe, air cliathach na beinne far nach robh ach fraoch agus clachan agus caoirich ri fhaicinn gu h-àbhaisteach, chunnaic sinn coille-bheithe gheugach, dhuilleach, bhòidheach. Craobhan àrda nach fhaca daoine bho linn nan Cailleanach.

Thug Calum ceum air thoiseach bhuainn, agus sheas e ri gualaibh nam bodach.

Thàinig sluagh neònach a-mach às a’ choille, boireannach òg, àrd, tana, le falt dubh a’ tighinn an toiseach. Bha fallaing ghorm fhada oirre, agus lannair an òir air a bathais agus a crios. Duine òg air a cùl, agus bha a cheann làn-iteagan.

Thàinig boireannaich agus daoine eile às a’ choille, sluagh mòr, shaoil mise, agus cha robh mi cinnteach nach robh mi eòlach orra. Leig Eilidh osna rim thaobh. Bha ar casan freumhaichte anns an talamh, agus cha b’urrainn dhuinn gluasad idir.

Thog am boireannach tana, àrd a làmhan suas, agus thòisich am bodach a’ ruith thuice, Calum na dhèidh. Ach chan e bodach a bh’ ann nas motha, ach duine àrd, dìreach le falt dubh. Thionndaidh e aodann thugainn agus bha aoibhneas na shùilean agus ceòl-ghàire air a bhilean. Mu dheireadh thall, bha fhios agam cò a bh’ ann ann an dà-rìreabh.

Thàinig an duine agus am boireannach ri chèile ann an caidreamh gaolach aig iomall na coille. Às dèidh priobadh na sùla dh’fhalbh iad uile – na boireannaich, na daoine, agus Calum. Cha robh gin dhiubh air fhàgail ach cailleadh bheag, cham a’ coimhead oirnn bho mhullach an t-slèibhe.

Thionndaidh i a h-aodann rinn, agus bha a fiamh-ghàire cho geal ris a’ ghrèin. Chunnaic mi fèidh, tha mi cinnteach gus an latha an-diugh, a’ feitheamh oirre anns a’ choille. Thog i a làmh, agus thàinig an dorchadas air ais, mar a smàlaich i solas an latha le crathadh a làimh.

Chan eil fhios agam dè cho fada a sheas sinn an sin, mi fhìn, Eilidh, agus Eòghann. Nuair a bhuail gath na grèine an t-sliabh, cha robh coille ann, neo sluagh, neo Calum. Cha robh ann ach fraoch, agus clachan, mar a b’ àbhaist. Chaidh sinn air ais dhan taigh fhalamh agus às dèidh greis, dh’fhalbh sinn.

’S iomadh bliadhna a chaidh seachad bhon uair sin. Tha Eòghann na neach-saidheans ainmichte a-nise, a’ siubhal air feadh an domhain, ag obair an aghaidh atharrachadh na gnàth-shìde. Tha sinn ga fhaicinn uaireanan nuair a thig e dhachaigh a dh’Alba.

Phòs mi fhìn agus Eilidh nuair a ghabh sinn ar ceumannan. Cha robh fhios agam nuair a bha sinn aig gealbhan a’ bhodaich gu robh an gaol a’ fàs eadarainn, ach b’ e sin an fhirinn, gu dearbh. Is mise a tha fortanach.

’S e sgriobhadair agus actair a th’innse, agus tidsear na Gàidhlig a th’annam, agus tha sinn a’ fuireach ann an Glaschu. Abair gu bheil sinn sona. Ach tha sinn an còmhnaidh a’ feitheamh ri gnog air an doras, agus an latha a thilleas Calum thugainn, na dhraoidh.



## Toiseach-tòiseachaidh


Teachers often encourage their beginning students to write: journal entries, poetry, stories, grocery lists, whatever gets them using Gaelic.

Here's a story from Jill Hazelbauer who lives in Virginia, plays the hammered dulcimer, and studies Gaelic with DuoLingo and a private tutor. Her story may or may not be true.

'S e Oidhche Shamhna a th' ann. Tha mi a' cluintinn rudeigin anns a' chidsin. Dè tha ann? Chan eil fhios agam. Obh, obh! Tha mi a' faicinn taibhse. Tha taibhse anns a' chidsin a-rithist. Bidh taibhse anns a' chidsin a h-uile Oidhche Shamhna. Tha sguab anns an oisean. Leum air an sguab! Bidh mi a' fàgail an taibhse anns a' chidsin. Cha toil leam an taibhse. 'S e droch thaibhse a th' ann. Tha mi an dòchas nach ith an taibhse na briosaidean.

We'd like to publish more stories from Gaelic learners. Do you have an interesting pet? Did you see something strange while you were out walking? Tell us about it, and don't worry about mistakes. We can help you with corrections.

## Elementary Crossword: Ceòl (music)



### Across

- 1 Bagpipe(s) (4-6)
- 6 Flute (7)
- 7 Trumpet (8)
- 11 Singing (1,5)
- 12 Drum (5)
- 13 Song (4)
- 14 Tin whistle (6)
- 15 Instrument (11)
- 16 Music (4)
- 17 Harp (8)

### Down

- 1 Piano (5)
- 2 Choir (6)
- 3 Playing (1,6)
- 4 Guitar (6)
- 5 Chanter (of bagpipes) (6)
- 8 Accordion (5-5)
- 9 Singer (11)
- 10 Key (music) (4)
- 14 Tune (4)

See page 26 for solution

**Nach cuidich thu An Naidheachd Againne? / Won't you help An Naidheachd Againne?**



..... By telling us what's happening in your Gaelic community by writing short articles about local events, in English or Gaelic.

Interested? Email [naidheachd@acgamerica.org](mailto:naidheachd@acgamerica.org)



# Litir à Dùn Èideann Gaillimhe, Tórshavn, agus Reykjavík

by Jeff W. Justice

A chàirdean,

I have been all over the Gaelic-speaking world – read that as the three languages calling themselves “Gaelic” – plus a good part of the Nordic (especially Viking) world in 2023, and it’s been quite the adventure. After a week in Scotland, I went to Wales in January for the first time in a couple of decades. That was way too long between visits, by the way. This summer, I spent a marvellous month in Connemara, in the Irish Gaeltacht, taking a three-week advanced course in Irish, followed by a few days in Galway. Then I spent half a week each in the Faroe Islands (which lie halfway between Scotland and Iceland) and in Iceland.

Irish, like Scottish Gaelic, has been in a state of decline and for many of the same reasons. Unlike Gaelic, Irish has official status including the right to use it in the Republic of Ireland, and it was the intention of the founders of the State that Irish become the primary language of the people with English serving as a language of international communication and commerce. Unfortunately, that has not happened, and the number of Irish speakers has continued to dwindle. However, it remains the first language of some communities in the Gaeltacht, including An Cheathrú Rua, where my immersion course took place. Quite a few of the signs on buildings and in hallways were only in Irish. I heard it being used regularly in the pubs, and I even heard young people walking down the street using it.



I also heard a few long-time residents lamenting the fact that – in their view – few economic incentives exist to use Irish as an everyday language. One local even complained to me that America still has its own money (Ireland adopted the euro when it first became legal tender), lamenting that many of the symbols that people use to connect with their national identity have withered or outright disappeared in Ireland, not just its language. However, once I left An Cheathrú Rua for Galway, just an hour’s drive away, Irish was not as common. To be sure, a hearty “*Fáilte*” greeted visitors in many a store, both spoken and in writing, but I did not hear or see much more than that other than road signs, which are always bilingual in the Republic of Ireland.



Icelandic and Faroese look quite similar in writing, and someone who can read one of them can generally read the other with a smidgeon of help. However, they are not mutually intelligible in speech. Iceland was once part of the Kingdom of Denmark, and the Faroe Islands remain so. Iceland gained its independence during World War II during Germany’s occupation of Denmark. The Faroe Islands narrowly voted in 1946 for independence, but Denmark undercut the vote by dissolving the *Løgting* / Parliament for early elections and kept the archipelago within its rule but with greater autonomy.

The Danes never really tried to impose Danish on the Icelanders, but they did do so to the Faroese. Danish was the language of church, school, and business, and it was a language of prestige; Faroese was the language of the lower classes. However, the Faroese people identified strongly with it and still do, and they began pushing it back to a language of daily use in the late 19<sup>th</sup> and early



20<sup>th</sup> centuries, including in official societal institutions. Today, practically all Faroese are bilingual, but the older generations use Danish as their second language. Younger generations speak English, to the point where schoolchildren will use English instead of Faroese on the playground. Some older Faroese worry that English, as an international language of commerce and tourism, might overshadow their own language as Danish once did. However, this is not an opinion that they share universally.

Icelandic has barely changed in 1,000 years, and the Icelanders strongly resist adopting terms from other languages when new concepts come about. Instead, they coin their own, as they value greatly the purity of their language. Practically all Icelanders are bilingual, with English serving as their second language. Danish is still part of their compulsory education system, mainly because of their desire to maintain links with Scandinavia and Iceland's own identity as part of the Nordic communities. As in the Faroe Islands, schoolchildren in Iceland have a habit of using English over Icelandic on the playground, but this is not (yet) an issue that raises generally a heightened level of concern.



Road signage throughout the Faroe Islands was only in Faroese. Signage on buildings in Tórshavn, the Faroese capital, and labels inside them featured a mixture of Faroese-only, Faroese and English, or Faroese paired with both English and Danish. I expected to see at least some Danish, given that the islands are still part of Denmark. On the other hand, everything in Iceland was in Icelandic only or Icelandic and English. As in the Faroe Islands, all road signage was in Icelandic, but one very often saw English with Icelandic on and inside buildings and stores. In fact, it was not unusual to see English *only* on some store signs. This was, obviously, aimed at tourists. That said, the majority of Icelandic restaurants I visited featured menus only in Icelandic, but waitstaff were very helpful with translations where needed.

Speaking with local residents in all three countries, their views toward protecting their local native languages had one thing in common: They will survive if the will to keep them alive is there. Herein lies a very important lesson for Scottish Gaelic. It will have a future, but only if the will is there. It came as no surprise that Irish speakers look toward the Welsh for inspiration. Because they have the will for Welsh to be a daily, normal part of their lives, Welsh again has a respectable heartbeat. Irish in the Republic seems to be at a fork in the road. Which way it goes will depend on where the public will lies. Meanwhile, the Faroese look warily at English. They recognize the need for it, but they do so with some measure of caution. The Icelanders are beginning to sense some need for caution of their own. Will English do to Faroese and Icelandic what it has done to Gaelic and Irish? Will the Irish and the Scots find the will to push back and assert their languages like the Faroese and Welsh did?

